

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 9 | 2014 | AN T-SULTAIN

Facal Toisich

Nuair a bha mi ag ullachadh *Duilleagan* na Sultain bha cuid mhath anns na pàipearan agus anns na meadhanan eile mu Chrìosdaidhean a bhith air an geur-leanmhainn ann an grunn dhùthchannan. Bha na naidheachdan bu duilghe a' tighinn à Iraq. Tha eaglais Chrìosdail air a bhith ann an Iraq o cheud làithean na h-Eaglais. Bha 35,000 Chrìosdaidhean fhathast ann am Mosul, an darna baile as motha anns an tìr. Ach cheannsaich buidheann bhrùideil de Mhoslamaich, na Sunni, am baile. Theich mòran de na Chrìosdaidhean. An fheadhainn a bha air fhàgail, chaidh innse dhaibh mura trèigeadh iad an creideamh agus mura tionndaidhadh iad 'nam Moslamaich, gum biodh iad air an cur gu bàs.

Nach sinne a bu chòir a bhith taingeil do Dhia nach eil sinne air ar geur-leanmhainn agus air ar claidh mar a tha creidmich ann an dùthchannan leithid Iraq. Chan eil duine a' cur bacaidh oirnn o bhith ag adhradh do Dhia. Chan eil duine gar cumail air ais o bhith a' frithealadh seirbheisean na h-eaglais. Tha na taighean-adhraidh againn sàbhailte gun cunnart sam bith gum bi iad air am milleadh le naimhdean. Bu chòir dha a bhith 'na cheist oirnn – a bheil sinne a' cur feum air na cothroman a tha againn, agus na sochairean sin air an àicheadh air daoine ann an dùthchannan far a bheil Chrìosdaidhean air an sàrachadh?

Bidh sinn a' faireachadh cho lag nuair a chluinneas sinn mu na trioblaidean ann an dùthchannan far a bheil creidmich air an sgiùrsadh. Dè as urrainn dhuinne a dhèanamh? Faodaidh sinn ùrnaigh a chur suas as leth nam mìltean a tha a' fulang geur-leanmhainn. Ma tha sinn a' creidsinn ann an cumhachd ùrnaigh faodaidh atharrachaidh tighinn air suidheachaidhean a bha a' coimhead cho eudòchasach. Bha cuid de cheannardan nan Sunni ann an Iraq ag ràdh nach robh geur-leanmhainn idir a' dol a rèir teagasg nan sgrìobtar aca fhèin agus ann am Bagdad bha na ceudan dhìùbh a' seasamh gu follaiseach air taobh nan Chrìosdaidh.

Ceud bliadhna bho thòisich an Cogadh Mòr a rinn sgrìos cho uamhasach tha sinn fhathast beò ann an saoghal buaireasach cunnartach le mòran fulangais de gach seòrsa. Tha còir aig sin ar cur gu ùrnaigh, agus gu bhith a' toirt làmh-chuideachaidh do na buidhnean carthannais a tha ag obair am measg ar co-Chrìosdaidhean a tha air an geur-leanmhainn ann an dòigh cho borb.

**Gach deagh dhùrachd dhuibh,
Ruairidh MacLeòid.**



Air feadh na Gàidhealtachd tha grunn thogalaichean ann air a bheil Eaglais a' Chlachain. Seo eaglais a' Chlachain, eaglais Loch Bhraoin ann an Ullapul. Tha seirbheisean air an cumail anns an t-seann eaglais seo gach darnacha Sàbaid. Thogadh Eaglais a' Chlachain ann an 1817, ach tha creidmich air a bhith ag adhradh air an làraich seo bho chionn ochd ceud bliadhna. Tha a' choimhearsnachd air tòiseachadh air oidhirp a dhèanamh airson airgead a thogail ach am bi an taigh-adhraidh seo air a ghlèidheadh.

Cùil nan Ceist

Air a' mhìos seo tha sinn a' smaoineachadh air àiteachan far a bheil creidmich air an geur-leanmhainn. 'S e ceistean co-cheangailte ri geur-leanmhainn a tha sinn a' cur oirbh an turas seo. Tha freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò an dithis a dh'fhuiling geur-leanmhainn o na h-lùdhaich? (Leabhar nan Gnìomharan, caibideil 13.)
2. Lìon a' bheàrn: "Gheur-lean an ——— m'anam." (Salm 143.)
3. Dè na h-àiteachan far an do dh'fhuiling Pòl geur-leanmhainn? (2 Timoteus, caibideil 3.)
4. Dè a rinn geur-leanmhainn air a' mhnaoi a rug an leanabh mic? (Leabhar an Taisbeanaidh, caibideil 12.)

Càirdeas – 4

Leugh mi leabhar bho chionn ghoirid air an robh an tiotal, *The Colour of your skin ain't the colour of your Heart*. Bha e mu dhèidhinn dithis nighean a bha beò ann an Amaireagaidh ann am meadhan na naoidheamh linn deug, aig an àm a fhuair tràillean an saorsa agus a bha torr muirt agus brùidealachd a' tachairt am measg dubh is geal anns an dùthaich. Bha teaghlach Katie aig an robh plantation cotain air am mort agus bha i air a fàgail 'na nighinn òig le uallachean thar a comais. Thàinig Mayme a bha air a bhith 'na traill a-steach dha beatha agus dh'obraich iad còmhla a' cumail chùisean a' dol. Dh'ionnsaich Mayme dhi mar a dhèanadh i aran, mar a bhloghnadh i an crodh, agus nas cudthromaiche, mar a bhuaineadh i cotan a bha a' dol a thoirt bith-beò dhaibh.

Chan e a-mhàin gu robh e doirbh ach bha e cunnartach oir bha càirdeas eadar na daoine dubha agus na daoine geala air a thoirmeasg. Ach cha do chuir seo bacadh orra agus mu dheireadh bha iad mar pheathraichean gun dath an craicinn a' cur dragh sam bith orra.

Bha stòiridh air an eadar-lìon bho chionn bliadhna air ais mu chàirdeas eadar nighean òg agus fear gun dachaigh. Thòisich iad a' moladh an latha dha chèile agus chaidh iad bhon sin gu bhith a' gabhail lunch còmhla.

Bhiodh esan ag innse dhi mu dhèidhinn a theaghlach anns a' chogadh agus bhitheadh ise ag innse dha nan rudan a bhiodh a' cur dragh oirre.

Aon latha thubhairt e rithe, *Tha rud-eigin agam dhut*, agus chuir e seann uaireadair briste 'na làimh agus thubhairt e rithe, *Chan eil mòran agam ach tha mi airson gum bi fios agad gun do rinn thu rud dhomh nach dèanadh mòran*.

Thàinig na deòir na sùilean nuair a thuig i, nuair a ruigeas tu a-mach do dhaoine, tha thu a' faighinn air ais fada a bharrachd na tha thu a' toirt seachad.

Tha sinn a' leughadh ann an leabhar Shàmueil, *Chan fhaic an Tighearna mar a chì daoine, oir amhaircidh an duine air an taobh a-muigh ach amhaircidh an Tighearna a-steach air a chridhe*.

Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn.)

Ministear ri Uchd a' Bhlàir 1916

(Ann an 1916 chaidh an t-Urr. Calum MacLeòid, ministear na h-Eaglais Shaoir Aonaichte ann an Ceann Loch Gilb, a-null don Fhraing mar mhinistear-airm. Chùm e leabhar-latha anns am faigh sinn sealladh air cho uamhasach agus a bha an cogadh. Seo pàirt de na sgrìobh Mgr. MacLeòid.)

Tha am ministear ag innse cho doirbh agus a bha e adhradh a chuartachadh anns an t-suidheachadh anns an robh e fhèin agus na saighdearan.

“A sheachdain gus an-dè bha searmon agam do ghillean Earra Ghàidheal. An toll dorcha anns an robh sinn, cha robh àite ann air an cuireadh sinn coinneal, ach chùm fear aca 'na làimh i fad na seirbheis. An-dè bha ceithir seirbheisean agam – trì Bheurla agus tè Ghàidhlig. 'S ann à siorrachd Rois a bha na gillean seo. Agus gu dearbh 's ann againn a bha an t-seinn – Leòdhsach 'na ceann.”

Tha Calum MacLeòid a' sgrìobhadh mun uamhas a bha ann nuair a bha iad ri uchd a' bhlàir.

“Bha fuaim nan gunnathan-mòra gar cuartachadh anns gach àite – na peileirean a' ruith tron adhar agus sgread bàis am beul gach fir, cuid dhiùbh a' sgàineadh 'nam mìle bloigh os ar cionn, cuid eile a' treabhadh na talmhainn agus a' fàgail shloc anns am falaicheadh tu beag-chruach eòrna. Chitheadh tu an talamh a' dùsgadh 's ag èirigh mar bheag neul an siud agus an seo far an robh na peileirean mòra a' bualadh. Bha na soithichean-adhair a' seòladh os ar cionn mar sgaoth eun. Ach gu h-àrd anns an adhar is am meadhan na h-ùpraid bha an uiseag a' dòrtadh a-mach a laoidh-mholaidh do Dhia. Bha an smeòrach a' ceileireadh air stoc craoibhe air nach do dh'fhàg na peileirean meur no meanglan – na teachdairean seo o Dhia a' cur an cèill do neach a dh'èisdeadh gu bheil ceòl is beatha is dòchas anns an earrach agus anns an t-saoghal mar a chruthaich Dia e.”

Leabhraichean

Ged a tha ùine mhòr bho thàinig an leabhar seo a-mach, ann an 1950, gu dearbha, is math as fhiach e a leughadh, gu h-àraidh nuair a tha sinn a' cuimhneachadh air toiseach a' Cheud Chogaidh. Ged is e leabhar shearmoinean a tha ann, tha dlùth cheangal eadar an leabhar agus an Cogadh Mòr, oir chuir an t-ùghdar faisg air trì bliadhna seachad air raointean millteach na Frainge.

Bhuineadh Calum MacLeòid do Chrabhlasta ann an sgrì Uige ann an Leòdhas, agus bha e 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir Aonaichte agus ann an Eaglais na h-Alba, anns an t-Srath, ann an Ceann Loch Gilb, ann an Glaschu agus ann am Both Chuidir. Bha e 'na shearmonaiche grinn greadhnach drùidhteach ann an Gàidhlig agus faodaidh tu na searmoinean anns an leabhar a leughadh uair is uair.

An luchair Oir
Searmoinean

An t-Urramach Calum MacLeòid
(air fhoillseachadh le Stirling Tract Enterprise)

'S e an t-Oll. Urr. Tòmas MacCalmain, a bha bliadhnachan mòra 'na Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig*, a dheasaich *An luchair Oir*. Tha roimh-ràdh air leth feumail aig an leabhar seo. Leughaidh sinn iomradh air an obair a rinn Calum MacLeòid aig àm a' Cheud Chogaidh.

Thòisich Cogadh a' Cheusair anns an Lùnasdal 1914 agus air an ath earrach bha Mgr. MacLeòid thall anns an Fhraing. Chuir e mu bhliadhna seachad aig an YMCA, a' saothreachadh gu sònraichte am measg nan saighdearan Gàidhealach. Ann an 1916 bha Calum MacLeòid 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir Aonaichte ann an Ceann Loch Gilb. Ghabh e anns an arm mar mhinistear-airm, agus chuir e seachad dà bhliadhna am measg an uamhais a bha a' tachairt anns an Fhraing. Bha e a' cumail leabhar-latha agus tha cuibhreannan às an leabhar sinn anns *An luchair Oir*.

Searmon Beag

Ullaichibh slighe an Tighearna (Isaiah 40:3.)

Mun do thòisich Geamachan a' Cho-fhlaitheis, chaidh bata na Ban-rìgh tro bhailtean na h-Alba, air tìr-mòr agus anns an h-eileanan, an dèidh a bhith air chuairt ann an iomadh dùthaich.

Nuair a bhios a' Bhan-rìgh a' tadhal air sgìre, no fiù 's bata na Ban-rìgh, mar a thachair bho chionn beagan mhìosan, bidh ullachaidhean mòra air an dèanamh airson gum bi a h-uile nì ann an òrdagh. Anns a' bhaile againn bha cabhsairean air an sguabadh, bha sgudal sam bith air a thoirt air falbh, bha am feur ri taobh an rathaid air a ghearradh, bha tuill anns an rathad air an càradh. Bha daoine 'nan seasamh ri taobh an rathaid le brataichean airson fàilte a chur air a' bhata.

A-nis chan e rud ùr a tha seo idir.

Anns na seann linnntean nuair a thigeadh fios gu robh an rìgh a' dol a thadhal air àite iomallach anns an rìoghachd bhiodh ullachadh mòr air a dhèanamh. Bhiodh drochaidean a bha a' tuiteam as a chèile air an cur air dòigh, bhiodh rathaidean air an càradh. Bhiodh bacadh sam bith a dh'fhaodadh a bhith anns an rathad air a thoirt air falbh agus an rìgh a' tighinn.

Tha sinn a' leughadh ann an leabhar Isaiah, *Guth an tì a ghlaodhas anns an fhàsach, Ullaichibh slighe an Tighearna; rèitichibh anns an dìthreach slighe àrd dar Dia-ne.*

Dè an t-ullachadh a bhiodh air a dhèanamh? *Bidh gach gleann air àrdachadh, agus gach sliabh agus cnoc air isleachadh; agus nithear an cam dìreach, agus na h-ionadan garbha 'nan còmhnard rèidh.* Bha a h-uile cnap-starra gu bhith air a thoirt as an rathad airson slighe an Tighearna a rèiteach.

A bheil sin a' ciallachadh gum feum sinne a h-uile bacadh a thoirt as an rathad mun tig sinn gu Dia, gum fèin sinn sinn fhèin a sgioblachadh airson teachd an Rìgh? Feumaidh mi siud a dhèanamh agus feumaidh mi seo a sheachnadh mun bi mi freagarrach airson Crìosd a leantainn?

Bha e 'na cheist air an fhàidh ciamar a bu chòir dha tighinn a dh'ionnsaigh Dhè. *Ciod leis an tig mi ann am fianais an Tighearna; leis an strìochd mi mi fhèin ann an làthair an Tì as àirde?*

Tha laoidh ann a bhios sinn a' seinn ann am Beurla agus ann an Gàidhlig *Just as I am. Ceart mar a tàim.* Sgrìobh Charlotte Elliott an laoidh seo. Tha e air a ràdh gur e seo a dhùisg an smuain seo ann an inntinn na bana-bhàird. Dh'fhaighnich i do charaid dè an dòigh anns am bu chòir dhi tighinn gu Dia, dè an spiorad a bhiodh freagarrach airson losa a leantainn, 'S e am freagairt a fhuair i, *Thig mar a tha thu.* Agus sin an smuain a tha againn anns an laoidh:

*Ceart mar a tàim, gun nì am làimh,
Ach toilltinneas do bhàis a-mhàin,
Air cuireadh fialaidh saor do ghràis,
Uan Dhè, dhut thigean dlùth.*

Feumaidh sinn tighinn le aithreachas. Feumaidh sinn tighinn le ùmhlachd. Ach tha Dia gar gairm gu bhith a' tighinn mar a tha sinn. *Thigibh am ionnsaigh-sa, sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallach, agus bheir mise suaimhneas dhuibh.*

Tha sinn a' leughadh anns na Soisgeulan mun fhàilte a fhuair losa nuair a chaidh E a-steach do dh'Ierusalem air an t-slighe chun a' chrainn-cheusaidh. Bha e coltach ri rìgh a' tadhal air baile. Anns an luchar bha daoine air feadh Alba a' togail bhrataichean agus iad a' feitheamh bratach na Ban-rìgh. 'S e geugan pailme a bha aig an t-sluagh agus iad 'nan seasamh ri taobh an rathaid airson urram a chur air losa an latha ud. Bha iad a' glaodhaich, mar a bha daoine ag èigheach agus iad a' cur fàilte air bata na Ban-rìgh. 'S e an glaodh a bha acasan ann an Ierusalem, *Hosanna, beannaichte gu robh Rìgh Israeil a tha a' teachd gu Ierusalem.*

Beul a labhras, ach gnìomh a dhearbhas, tha am facal ag ràdh. Mun tàinig deireadh na seachdain 's e glaodh eile a chualas air sràidean Ierusalem. Chan e, *Fàilte, ach Ceus e. Beir uainn e, beir uainn e.*

'S e a tha a' cunntas, chan e coltas an leth a-muigh, ach mar a tha ar cridhe ann an dàimh ri Dia. Chan e dè a chanas sinn, ach dè a nì sinn.

Cha robh bata na Ban-rìgh gu bhith nar bailtean ach air aon latha, agus sin airson ùine ghoirid. Cha bhi a' Bhan-rìgh a' tadhal air baile no air dùthaich ach 's dòchas aon turas. Ach tha Rìgh nan rìgh a' tighinn dlùth dhuinn gach latha. Mar a tha sinn a' leughadh ann an Leabhar nan Gnìomharan, *Chan eil E fada o gach aon againn.*

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Ann an taigh m' Athar-sa tha iomadh àite-còmhnaidh." Tha

na faclan sin sgrìobhte ann an Soisgeul Eòin, an ceathramh caibideil deug, aig an darna rann. (Eòin 14:2.) Tha sgoilearan ag innse dhuinn gu bheil "àite-còmhnaidh" a' ciallachadh "seòmair." Tha losa ag ràdh gur e nèamh taigh ar n-Athar. A' cur sin ann an dòigh eile, 's e dachaigh a tha ann an nèamh, dachaigh shiorraidh. 'S e sealladh brèagha a tha sin air Pàrras – dachaigh far am faigh sinn fàilte.

Tha an t-àite-còmhnaidh seo a' ciallachadh "seòmair."

An-diugh bha latha dorcha ann ged a bha a' mhadainn tioram. Ach dh'fhàs e fliuch mar a chaidh an latha air

adhart. Dè a ni thu nuair a tha latha cho fliuch ann? Chan eil e taitneach a bhith a' coiseachd a-muigh. Ghabh mise an cothrom a bhith a' sgrìobhadh agus a' leughadh. Chuala mi an t-uisge a' tuiteam air mullach an t-seòmair. Ach bha mise tioram tèarainte. Bha mi a' smaoineachadh air daoine bochda aig nach eil fasnach. Tha buidhnean ann a tha a' dèanamh obair Chrìosdail ann a bhith a' cuideachadh dhaoine a tha gun dìon, gun dachaigh.

Tha an t-àite-còmhnaidh seo a' ciallachadh "seòmair."

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Cha robh gaoth mhòr riamh gun bheagan uisge." (There never was a high wind

without a little rain.) Bha ar sinnsearan eòlach air an aimsir. Bha iad a' tuigsinn dè na rudan a bha 'nan comharraidhean air side mhath agus side dhona. A-nochd nuair a bha mi a' sgrìobhadh seo cha robh gaoth ann. Ach bha uisge gu leòr ann. Cha bu chòir dhuinn a bhith a' gearan. Bha làithean grianach blàth againn, gu h-àraidh nuair a thòisich Geamachan a' Cho-fhlaitheis. Tha buntàta math agamsa am bliadhna a chionn gu robh grian agus uisge ann.

Tha an t-àite-còmhnaidh seo a' ciallachadh "seòmair."

Tha eaglaisean ann nach bi fosgailte ach air an Dòmhnach. Fad na seachdain tha na dorsan dùinte. Tha

eaglaisean ann far a bheil an doras fosgailte fad an latha. Tha eaglais faisg ormsa ann am baile far am bi mòran luchd-turais. Tha an eaglais fosgailte pàirt den latha. Bidh feadhainn a tha a' tadhal air a' bhaile a' dol a-steach don eaglais. Bidh cuideigin as a' choitheanal ag innse dhaibh mu eachdraidh an togalaich. Bhiodh e math nam biodh a h-uile eaglais fosgailte. Tha an doras fosgailte 'na chomharradh air fàilte agus coibhneas.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

AIR AN ADHAR

Air a' mhìos seo a-rithist tha cothrom againn èisdeachd ri seirbheisean a chaidh a chraoladh roimhe seo. Air a' cheud Sàbaid 's e an t-Urr. Niall Seagha a bhios air ceann *Dèanamaid Adhradh*. Air an darna Didòmhnaich cluinnidh sinn an Canan Dòmhnall MacAoidh. Air an treas Sàbaid bidh an t-Urr. Tòmas MacFhionghain a' craobh-sgaoileadh. Bidh na seirbheisean a' crìochnachadh le seirbheis on Urr. Aonghas Mac a' Ghobhainn.


POST-DEALAIN

Tha post-dealain ùr aig Fear-deasachaidh nan Duilleag. Seo an seòladh ùr: mail@revroddy.co.uk

RANN

*Nach seall Thu a-nuas le truas gu buileach
Air truaghain dhuilich nan deòir;
Nach sgaoil Thu do sgiath air an fhion-lios uile,
Cur dìon air fuil agus feòil –
Tha anaman caillt' san àm a' fulang
Tha cràiteach, uireasbhach, leònt',
Feadh mhonadh is ghlinn 'nan sineadh uile,
'Nam mìltean tuiream fo leòn.*

Air fear de na bàird Ghàidhealach a thàinig tron Cogadh Mhòr bha Eachann MacFhionghain, bàrd spioradail Bheàrnaraigh na Hearadh. Bha esan aig Gallipoli far am faca e am milleadh oillteil eagalach a nì cogadh. Tha an rann gu h-àrd air a thoirt as an laoidh a rinn am bàrd don Cheud Chogadh.



Bha an t-Urr. Calum MacLeòid air fear de na Gàidheil a bha 'nam ministearan-airm aig àm a' Cheud Chogaidh. Fhuair cuid de na ministearan sin urram on rìgh airson an gaisgeachd. Chaidh feadhainn dhiùbh a leòn agus bha cuid ann a chaill am beatha. O na leabhraichean-latha a bha Calum MacLeòid a' cumail tuigidh sinn cho doirbh agus a bha beatha an t-saighdeir anns an Fhraing.

FUASGLADH NAN CEIST

Chuir sinn ceistean oirbh air an duilleig-aghaidh mu gheur-leanmhainn. Seo na freagairean. 1. Pòl agus Barnabas. 2. — an nàmhaid— 3. Antioch, Iconium agus Listra. 4. An dràgon.

MINISTEAR UR

An-uiridh leig an t-Oll. Urr. Gillesbaig Mac a' Mhaoilein dheth uallach coitheanail an dèidh a bhith 'na mhinistear ann an eaglais cho ainmeil agus a tha ann an Alba, Ard-eaglais Dhùn Eideann, Eaglais Naomh Giles, o 1969. A-nis tha ministear eile le ainm math Gàidhealach air a thaghadh 'na àite. 'S esan an t-Urr. Calum Iain MacLeòid, a tha dà fhichead agus sia, agus a tha air a bhith sia bliadhna deug 'na mhinistear ann an Chicago anns na Stàitean Aonaichte. Rugadh agus thogadh Mgr. MacLeòid ann an Glaschu, agus bha e an toiseach ann an Seirbheis na Slàinte. Tha còig mìle gu leth ball anns a' choitheanal far an robh e suidhichte ann an Chicago, agus seachd ministearan gan frithealadh!

ADHBHAR GAIRE

Bha ministear a' tadhal air boireannach còir anns a' choitheanal a bha air aois mhòr fhaighinn a bha ceud agus ceithir. Dh'innis am ministear dhi gu robh e air a bràthair fhaicinn bho chionn ghoirid agus gu robh e a' coimhead gu math. Ars ise, "Tha e math gu leòr dhàsan. Tha an òige aige." (Cha robh esan ceithir fichead agus deich!)

Urnaigh

A Dhè bheannaichte,
chì sinn do ghlòir ann an àm an earraich
agus aig àm an fhoghair.
Tha sinn a' toirt taing dhut
airson toradh na talmhainn.
Tha sinn a' cuimhneachadh
air dùthchannan bochda an t-saoghail
nach eil cho torrach ris an dùthaich againne.
Beannaich gach buidheann
a tha a' dèanamh obair chuideachaidh
far a bheil daoine a' fulang.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh de Loch nam Madadh,
mar a bha pàirt den bhaile
ceud bliadhna air ais.

An-diugh tha mòran a bharrachd
de thaighean ann an Loch nam Madadh
air na bha ann an uair sin.